

## A' TOIRT TAIC DHAN BHÀNRIGH

Tha taic a thoirt dhan Bhànrigh, mar mheadhan airson uail nàiseanta, aonachd is ùmhlachd, na prìomh phàirt de dhleastanas Prionnsa na Cuimrigh agus a bhith a' toirt dhaoine còmhla thar gach roinn shòisealtais, a' riochdachadh seasmhachd is leantainneachd, a' comharrachadh soirbheachadh agus a' cur cuideam air cudromachd seirbheis agus na roinne shaor-thoileach tro bhrosnachadh is eisimpleir.

## AN RÌOGHACHD AONAICHTE IS THALL-THAIRIS

Rè na bliadhna ghabh Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-Diùc na Còirn raon farsaing de dhleastanasan is thursan os làimh, an dà chuid aig an taigh is thall-thairis. Bha raon nan dleastanasan sin a' toirt a-steach a bhith a' frithealadh thachartasan deas-ghnàthach, a' toirt taic is a' riochdachadh nan Seirbheisean Armaichte nan obair às leth na dùthcha, agus a' gabhail os làimh tursan oifigeil thall-thairis airson cùisean Bhreatainn adhartachadh thall-thairis.

### Sasann

Tha dleastanasan Am Mòrachdan Rìoghail a' gabhail a-steach a bhith a' frithealadh thachartasan mòra nàiseanta, agus gun teagamh sam bith b' e comharrachadh 80mh co-là-breith na Bànrigh prìomh thachartas na bliadhna. Air an latha fhèin, 21 Giblean 2006, chùm Prionnsa na Cuimrigh dinnear aig Lùchairt Kew, ann an Lunnainn, a bha ùr leasaichte, airson 27 buill den Teaghlach Rìoghail. Roimhe sin bha A Mhòrachd Rìoghail air teachdaireachd-molaidh sònraichte co-là-breith a chraoladh air telebhisean nàiseanta. Anns an teachdaireachd mhol e "seasmhachd iongantach is tapachd" a mhàthar, agus ghuidh e, mar "mhac mhoiteil, chàirdeil ... an co-là-breith bu shona dhith".

Nas foirmeile, fhrithheil Am Prionnsa is A' Bhan-Diùc, le Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry, Seirbheis Taingealachd ann an Cathair Eaglais Naomh Pòil airson co-là-breith oifigeil na Bànrìghe a chomharrachadh air 17 Ògmhios 2006. An dèidh na seirbheis chùm Lord Mayor Lunnainn dinnear anns an Aitreabh, far an do ghabh A' Bhànrigh cothrom dà cheann-bliadhna chudromach eile ann an 2006 a chomharrachadh – an 50mh bliadhna de Dhuais Prionnsa Dhùn Èideann, agus an 30mh co-là-breith de Urras a' Phrionnsa. Thuir A' Bhànrigh gun robh na choilean na buidhnean na chomharra air saothar is dealas a cèile is a mic as sine, agus thuir i: "Tha mi gu math toilichte an cothrom seo a ghabhail airson aire a tharraing gu na choilean iad agus taing a thoirt dhaibh le chèile airson na tha iad a' toirt de thaic dhomh gach latha."

'S e pàirt cudromach de dhleastanas an Teaghlach Rìoghaile taic is co-fhaireachdainn a thoirt seachad ann an amannan cruaidh-chàs no dùbhlann nàiseanta, agus san Dàmhair 2006 bha Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc air ceann nan cuimhneachan dhan fheadhainn a chaill am beatha ann am mòr-sgrìos Bali nuair a thaisbein iad cuimhneachan ann an Lunnainn dhan 202 a dh'fhuiling ann an lèir-sgrìos 2002. An dèidh an cuimhneachan a thaisbeanadh fhrithheil Am Mòrachdan Rìoghail cuirm airson 600 caraid is neach a bhuineadh dhan fheadhainn a bhàsaich.

San Ògmhios 2006, chùm Am Prionnsa cuirm aig Highgrove dha teaghlach an fheadhainn a mharbhadh is an fheadhainn a chaidh a dhroch leòn, sna h-ionnsaighean ceannairc ann an Lunnainn air 7 Iuchar 2005.

Tha obair an Teaghlach Rìoghail cuideachd a' gabhail a-steach a bhith toirt taic dha gnìomhachas turasachd na RA, agus sa Mhàrt 2007 thadhail Prionnsa na Cuimrigh air Tùr Lunnainn mar Chùl-taic ciad Sheachdain Turasachd Bhreatainn. Ghabh A Mhòrachd Rìoghail cuairt air an lùchairt rìoghail agus ann an òraid airson an iomairt ùr a chur air bhog thuir e gun robh e cuideachd an dòchas gun deigheadh "gach oidhirp" a dhèanamh gus cur an cuimhne muinntir Bhreatainn mu na cothroman mìorbhaileach a th' aca airson saor-làithean a ghabhail aig an taigh. An dèidh làimh, chaidh Am Prionnsa air bòrd bàta airson turas-mara suas Abhainn Thames seachad air cuid de na h-àiteachan turasachd as motha a tha a' còrdadh ri daoine, air a shlighe air ais gu cidhe Westminster.

Ghabh Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc cuideachd pàirt ann an tursan a rinn Ceannardan Stàite bho thall-thairis gun RA, agus an-uiridh fhritheil A Mhòrachd Rìoghail fèist stàite dha Ceann-suidhe Ghana.

### A' Chuimrigh

Air sgàth a cheangail shònraichte ris a' Chuimrigh, bidh A Mhòrachd Rìoghail a' tadhal sa Phrionnsalachd gu cunbhalach. 'S e an t-seachdain gach samhradh nuair a bhios Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc a' frithealadh dhleastanasan is thachartasan sa Chuimrigh aon de na prìomh thachartasan bliadhna.

Rè seachdain na Cuimrigh an-uiridh thadhail Am Mòrachdan air Caisteal Cardigan far an robh Urras Ath-nuadhachaidh a' Phrionnsa a' comhairleachadh an urrais ath-leasachaidh togail ionadail mu phlana leasachaidh airson cleachdadh seasmhach fad-ùine a' chaisteil. B' e PRIME-Cymru, a bhios a' toirt taic dha gnìomhachasan is fèin-obrachadh dha daoine thar 50, aon eile de bhuidhnean carthannais A' Phrionnsa a chaidh a chomharrachadh an t-seachdain sin. Air turas gu baile Southgate, stad Am Mòrachdan Rìoghail aig Jewels by the Sea, bùth ghriogagan a chuir Marianne Merrick air chois le cuideachadh bho PRIME-Cymru, far an do choinnich iad ri dìleabaich eile bho obair a' charthannais sa Chuimrigh.

Fhritheil Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc cuideachd Eisteddfod chiùil eadar-nàiseanta Llangollen, aon de phrìomh fhèisean ciùil nàiseanta na Cuimrigh. A' leantainn le cuspair nan ealan, air an aon latha chaidh clàrsach òir luach £150,000 a rinn an neach-clàrsaich ainmeil Eadailteach, Victor Salvi, a thoirt dhan Phrionnsa. Cleachdaidh clàrsair oifigeil A' Phrionnsa, Claire Jones, a' chlàrsach.

Sa Mhàrt 2007, thadhail Am Prionnsa air Gàrradh Luibheanach Nàiseanta na Cuimrigh ann an Llanarthne, siorrachd Carmarthen, mar phàirt de Sheachdain Turasachd Bhreatainn. Air an aon latha thadhail A Mhòrachd Rìoghail ann an Llwynywerwd, an tuathanachas ann am Myddfai, Taobh Siar na Cuimrigh, a tha Diùcachd na Còirn air fhaighinn dhan Phrionnsa is dhan Bhan-Diùc gus a chleachdadh mar dhachaigh nuair a bhios iad air an tursan cunbhalach sa Chuimrigh. A thuilleadh air a bhith a' fuireach ann, tha dùil aig A' Phrionnsa an t-àite a chur a-mach air màl an-dràsta 's a-rithist airson saor-làithean agus na ionad airson choinneamhan is cho-labhairtean cuid de na buidhnean carthannais aige.

Sa Ghearran 2007, airson a' chiad uair fhritheil Am Prionnsa Uilleam gèam rugbaidh eadar-nàiseanta na dhreuchd mar Iar Chùl-taic Aonadh Rugbaidh na Cuimrigh, a' coimhead sgioba na Cuimrigh a' coinneachadh ri sgioba na h-Èireann ann an Lann-cluiche Mìle Bliadhna Chardiff. Thuirt eòlaiche rugbaidh na Cuimrigh, JPR Williams, gun cuidichidh ceangal Uilleim ris an sgioba nàiseanta an spòrs. "Choinnich mi Prionnsa na Cuimrigh nuair a thàinig e gu Cardiff Arms Park o chionn 38 bliadhna, agus tha e math an ceangal sin a chumail a' dol."

### Alba

Tha dàimh shònraichte aig A' Phrionnsa is a' Bhan-Diùc ri Alba, agus bidh iad a' cur seachad deagh ùine ann gach bliadhna, an dà chuid a' coileanadh dhleastanasan agus a' cur ùine seachad nan dachaigh aig Birkhall ann an siorrachd Obar Dheathain.

Tha obair A Mhòrachd Rìoghail ann an Alba a' còmhachadh raon farsaing de dhleastanasan ach an-uiridh bha cuideam sònraichte air leasachadh obair iomairtean carthannais, gu h-àraidh ann an raon ath-nuadhachail na h-àrainneachd thogte agus dualchais.

## AN RÌOGHACHD AONAICHTE IS THALL-THAIRIS A' LEANTAINN

Am measg nam prìomh nithean bha òraid A' Phrionnsa aig co-labhairt "Inspiring Cities" a chaidh a chur air chois le Edinburgh World Heritage, cuirm aig Pàrlamaid na h-Alba airson 30 bliadhna de Urras A' Phrionnsa ann an Alba a chomharrachadh, agus foillseachadh na dara ìre de Iomairt Taobh Tuath na Gàidhealtachd (NHI) ann an Gallaibh.

Aig an dara tachartas aig Caisteal Mey san Lùnastal 2006, chruinnich riochdairean bho còrr air 150 taigh-òsta, B&B agus bho bhuidhnean eile bho Taobh Tuath na Gàidhealtachd airson "Pleasure in the Extreme" a chur air bhog, comharra ùr airson turasachd a bhrosnachadh ann an aon de na ceàrnan as fhaide tuath ann an Alba.

Tha iomairt na turasachd a' leantainn an fhoillseachaidh shoirbheachail de Mey Selections ann an 2005, comharra bidhe airson mairtfeòil, uanfheòil agus càis bhon sgìre a reic. Chaidh NHI a chur air chois le Mhòrachd Rìoghail gus cuideachadh a thoirt do dh'eaconamaidh Taobh Tuath na Gàidhealtachd le bhith ag àrdachadh ìomhaigh na sgìre tro a bathar bidhe is dighe, a turasachd agus càileachd a togalaichean dualchasach.

B' e turas a rinn Diùc Baile Bhòid (mar a theirte ri A Mhòrachd Rìoghail ann an Alba) gu Fèis Àiteachais Bhòid air an 200mh ceann-bliadhna, nì comharraichte eile den bhliadhna. Aig an fhèis chaidh e timcheall air na buailtean breithneachaidh, choinnich e ri farpaisich agus bhuilich e cnotain air buannaichean mus deach e air turas gu Caisteal Baile Bhòid a chaidh a stèidheachadh le Seumas IV mar ionad diomhair samhraidh dhan Teaghlach Rìoghail san 16mh linn.

### Èirinn a Tuath

Sa Chèitean 2006, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air Ospadal Musgrave Park ann an ceann a deas Bheul Feirste airson a' chiad Ionad Dochainn Eanchainn ann an Èirinn a Tuath fhosgladh. An dèidh cuairt a chur air na goireasan mìorbhaileach ath-chomais choinnich Am Prionnsa agus a' Bhan-Diùc ri saor-thoilich bho Buidheann Taice Buidheann Nàiseanta Osteoporosis Bheul Feirste.

Choinnich Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd còmhla ri 2,500 aoigh ann an gàrraidhean Caisteil Hillsborough airson pàrtaidh-gàrraidh a bha Peter Hain, Rùnaire Èirinn a Tuath, a' cumail. Aig an tachartas choinnich Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc ri riochdairean bho roinn slàinte Èirinn a Tuath, a' gabhail a-steach luchd-cleachdaidh iocshlaint aonaichte.

Rè an dà latha san roinn cheadaich Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd làthaireachd shònraichte dha Anna Earls, nighean ochd bliadhna à sgìre Dundonald ann am Beul Feirst. Chuir Anna, air a bheil màrn cronail, dealbh gu Make-a-Wish Foundation ann an 2005 a' mìneachadh gun robh dèidh mhòr aice coinneachadh ris a' Chàraid Rìoghail. Na b' fhaide dhen latha thadhail Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc air càisearan traidiseanta Èireannach aig Ionad Uachdair Fivemiletown ann an County Tyrone.

### Thall-thairis

A h-uile bliadhna tha dleastanasan Am Mòrachdan Rìoghail gan toirt a-null thairis airson cùisean na dùthcha a riochdachadh, agus ann an 2006-07 ghabh iad dà chuairt oifigeil os làimh còmhla ri chèile, a' chiad tè gu Pagastan san t-Samhain 2006 agus an dara tè gu ceithir Stàitean Camais sa Ghearran 2007. Ghabh Am Prionnsa os làimh turas na aonar cuideachd gu Afraga an Iar, cuideachd san t-Samhain 2006, agus thadhail e air na Stàitean Aonaichte còmhla ris a' Bhan-Diùc san Fhaoilleach 2007 far an do fhritheil iad dleastanasan ann am Philadelphia agus New York.

Tha na tursan sin air an cur air dòigh le Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis gus àrdachadh is dìon a thoirt dha gnothaichean Bhreatainn thall-thairis.

B' e amas an turais gu Pagastan taic a thoirt dha leud a' chom-pàirteachais eadar an dà dhùthaich, le prìomhachas sònraichte air cuspairean co-cheangailte ri dàimhean eadar-chreideimh, foghlam is tionnsgaineachd òigridh agus leasachadh seasmhach. Rè an turais seachdaineach thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air Lahore, Kashmir a tha fo ùghdarras Phagastain, bailtean sna beanntan sa cheann a tuath agus Islamabad, far na chùm Am Prionnsa coinneamh ris a' Cheann-suidhe Pervez Musharraf.

Aig a' choinneimh thug an Ceann-suidhe taing dhan RA airson na taic a thabhainn i dha Pagastan an dèidh a' chrith-thalmhainn uabhasach san Dàmhair 2005. Fhuair Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc cothrom obair-leasachaidh na dùthcha fhacinn air an son fhèin nuair a thadhail iad air baile Pattika a chaidh a sgrios leis a' chrith-thalmhainn.

Thug prìomh chuairt 2006-07 Am Mòrachdan Rìoghail gu Kuwait, Cuatàr, Bahrain agus gu Emirate Aonaichte Arabach, Abu Dhabi is Dubai. Mar le tursan roimhe seo gun Ear Mheadhanach, b' e prìomh adhbhar an turais neartachadh a dhèanamh air dàimhean poilitigeach, dìon, malairteach is cultarach na RA san àite. Ghabh a' chuairt 10-làitheil a-steach coinneamhan le Teaghlaichean Riaghlaidh ionadail, dleastanasan gus taic a chur ri cothroman òigridh, agus tachartasan a chuir cuideam air cudromachd foghlaim agus conaltradh eadar-chreideimh.

Ghabh Prionnsa na Cuimrigh os làimh treas turas na bliadhna gu Sierra Leone agus Nigeria. Thadhail e air Sierra Leone gus comharrachadh a dhèanamh air mar a bha an dùthaich ag èirigh an dèidh iomadh bliadhna de chogadh sìobhaltach agus gus coinneachadh ri buill Feachdan Armaichte Bhreatainn a bha a' trèanadh arm na dùthcha. Na b' fhaide den aon seachdain chuir Am Prionnsa trì latha seachad ann an Nigeria, far na cuidich e le bhith a' comharrachadh soirbheachadh neo-bhriste na h-ama a b' fhaide de riaghladh deamocratach a bh' aig an dùthaich a-riamh.

A thuilleadh air sin, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air na SA san Fhaoilleach 2007. Chaidh an turas a chur air dòigh mar fhreagairt iarrtasan bho Oifis nan Dùthchannan Cèin is a' Cho-fhlaitheis gun leanadh Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc bho turas soirbheachail 2005 gun SA.

Rè turas Am Mòrachdan Rìoghail a-null thairis gun Chamas sa Ghearran 2007, choinnich Ban-Diùc na Còirn ri buill bhoireann Taighean Àrd is Ìosal na Pàrlamaid ann am Bahrain. Rè a turais chaidh innse dhan Bhan-Diùc mu na leasachaidhean deamocratach a bha a' gabhail àite ann am Bahrain agus mar a bha dleastanasan bhoireannach a' fàs ann an reachdas is riaghaltas Bhahrain. Am measg nam ball pàrlamaid ris an do choinnich i bha An t-Oll. Nada Haffadh, ball de chomhairle Shura, a chaidh a cur an dreuchd sa chaibineat ann an 2004 mar Mhinistear na Slàinte.

Bha an turas seo mar aon de dhleastanasan an turais a ghabh a' Bhan-Diùc os laimh leatha fhèin, sa mhòr chuid ag amas air foghlam agus cùram dha boireannaich is clann. Bha na h-àiteachan air an do thadhail a' Bhan-Diùc rè a turais a' gabhail a-steach Ionad Trèanaidh Al Noor dha Clann le Feuman Sònraichte ann an Dubai agus Ionad airson Measadh is Teagaisg Chloinne ann an Kuwait.

**B' e prìomh adhbhar turas 10-làitheil a' Chamais dàimhean na RA ris an àite a neartachadh.**

## NA SEIRBHEISEAN ARMAICHTE

Tha dàimh Prionnsa na Cuimrigh ri na Seirbheisean Armaichte stèidhichte air ceithir cuspairean: ag adhartachadh dreuchd nan Seirbheisean sa bheatha nàiseanta, tro thursan gnìomhach agus dleastanasan deas-ghnàthach; a' cuimseachadh air proifeiseantachd is sàr-mhathas trèanaidh; a' toirt taic dha math luchd-seirbheis is an teaghlaichean; agus a' cuideachadh le gleidheadh eachdraidh is dualchas nan Seirbheisean tro cheanglaichean reiseamaideach is buidhnean eòlaich.

Tha an t-aon dhealas aig bean agus mic A' Phrionnsa dha na Seirbheisean Armaichte. Tha dà cheangal oifigeil armailteach aig Ban-Diùc na Còirn – tha i na Còirnealair Rìoghail air 4<sup>th</sup> Battalion The Rifles, agus Prìomh Chòirnealair air Seirbheisean Meidigeach na Nèibhidh.

B' ann mar Phrìomh Chòirnealair Rèiseamaid nam Paraisiut a thadhail Am Prionnsa is a bhean air an 3<sup>rd</sup> Battalion de na Paras ann an gearastan Hyderabad ann an Cholchester, Essex san t-Samhain 2006. B' e an t-adhbhar gus buinn seirbheis obrachail a bhuileachadh air buill na rèiseamaid a bha dìreach air tilleadh à Afganastan agus coinneachadh gu prìobhaiteach ri teaghlaichean trìuir shaighdear bhon 3<sup>rd</sup> Battalion a chaidh a mharbhadh sa chath. Rè an turais choinnich Am Mòrachdan Rìoghail cuideachd ri clann bun-sgoile bho sgoiltean a' ghearastain ionadail agus ri teaghlaichean shaighdearan.

Ged a bhios Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc a' tadhal gu cunbhalach air aonadan armailteach san RA, nuair a tha iad air tursan thall-thairis bidh iad cuideachd a' gabhail cothrom, far an gabh sin a dhèanamh, coinneachadh ri feachdan Bhreatainn a tha suidhichte thall-thairis. Rè an turais gu Stàitean a' Chamais sa Ghearran 2007, thadhail Am Mòrachdan Rìoghail air sgiobachd Feachdan Adhair Bhreatannach is Cho-fhlaitheis aig Ionad Adhair Al Udeid ann an Cuatàr. Tha an t-ionad a' toirt taic deatamach dha feachdan Bhreatainn a th' air seirbheis ann an Iraq agus Afganastan agus na dhachaigh dha Tornado VC10 agus C130.

Air an slighe air ais bho turas a' Chamais stad Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc airson Latha Naomh Dhaibhidh a chomharrachadh còmhla ri na Freiceadairean Cuimreach ann am Bosnia agus Herzegovina. Bha a' chiad Bhattalion de na Freiceadairean Cuimreach, a tha dèanamh an-àirde pàirt mhòr den fheachd Bhreatannach ann am Bosnia, dìreach air cluinntinn gum b' iad an rèiseamaid RA mu dheireadh a bhiodh nan luchd-cumail na sìthe EUFOR san àite. Mar a bha cleachdte bhuilich Am Prionnsa, a tha na Chòirnealair air an rèiseamaid, agus a' Bhan-Diùc, creimh-gàrraidh orra.

'S e aon de phrìomh dleastanasan buill an Teaghlaich Rìoghail seirbheis is iobairt seann laoch Feachdan Armaichte chogaidhean is iomairtean a bh' ann a chomharrachadh is a chuimhneachadh.

Chàirich Am Prionnsa is a' Bhan-Diùc blàth-fhleasg chrom-lusan aig Càrn-cuimhne Thiepval agus an uair sin choinnich iad ri Henry Allingham, aig 110 an t-seann laoch as sine bhon Chogadh Mhòr. Thuirt e mu bhith aig a' chuirn: "Tha mise an seo, chan ann air mo shon fhìn, ach airson nam fear sin air an robh mi cho eòlach, tha mi an seo às an leth, air an son-san."

### DLEASTANASAN ARMAILTEACH PRIONNSA NA CUIMRIGH

Aig an àm tha làthair tha na h-inbhean a leanas aig Prionnsa na Cuimrigh: Ceannard anns a' Chabhlaich Rìoghail, Seanalair san Arm, Prìomh Mharasgal Adhair ann am Feachd Rìoghail an Adhair. Tha Prionnsa na Cuimrigh a' cumail dàimh shònraichte ri na leanas:

Na Freiceadairean Cuimreach  
An 22mh Rèiseamaid (Cheshire)  
Rèiseamaid nam Paraisiut  
Comann Rìoghail nan Gurkha Rifles  
Comann Armailteach an Adhair  
Freiceadairean nam Marcaichean Rìoghail  
Yeomanry na Bànrìghe  
Freiceadairean Marcachd na Bànrìghe  
Na Freiceadairean Dubha, 3rd Battalion  
Rèiseamaid Rìoghail na h-Alba  
51st Highland, 7th Battalion

Tha Am Prionnsa cuideachd na Cheannard-cabhlaich Adhair Urramach air Royal Air Force Valley, na Phrìomh Cheannard-cabhlaich Royal Naval Command, Plymouth, Phrìomh Cheannard-cabhlaich Adhair air Feachd Rìoghail Adhair Sealainn Nuaidh, Prìomh Chòirnealair air Comann Rìoghail Armaichte Astràilia agus tha e a' cumail dàimh shònraichte ri ochd rèiseamaidean Co-fhlaitheis mar am Prìomh Chòirnealair.

B' e an 150mh ceann-bliadhna de Crois Bhictoria, am bonn gaisgeachd as àirde a tha san RA, aon de thachartasan iomraiteach na bliadhna. Na dreuchd mar Cheann-suidhe Crois Bhictoria agus Crois Dheòrsa thàinig a bhean còmhla ris A' Phrionnsa gu seirbheis shònraichte ann an Abaid na h-Iar-mhanachainn agus gu cuirm ann an Ceàrnag Naomh Sheumais san Ògmhios 2006. Airson an ceann-bliadhna a chomharrachadh chaidh sreath telebhisein trì-pàrteach air eachdraidh an VC a chraoladh air Sianal 5 air an do rinn A Mhòrachd Rìoghail ro-ràdh.

Tha ceanglaichean na Ban-Diùc ris an arm a' leudachadh gu a teaghlach fhèin agus san t-Samhain 2006 chùim i lòn aig Taigh Chlarence dha seann eòlaich an 12mh Sleaghadairean Rìoghail, an rèiseamaid anns an robh a h-athair, Major Bruce Shand, sa Dara Cogadh. Chaochail Major Shand san Ògmhios 2006 na dhachaigh ann an Dorset.

Na dreuchd mar Chòirnealair Rìoghail, thadhail A Mòrachd Rìoghail air 4<sup>th</sup> Battalion The Rifles sa Ghearran 2007 na ghearastan ann am Bulford, Wiltshire, mus do dh'fhalbh iad a dh'Iraq. Rè a turais chaidh a' Bhan-Diùc airson cuairt neo-ullaichte ann an carbad sgiobachd Bulldog armaichte ath-leasaichte às ùr mus do ghabh i lòn còmhla ri cuid de na saighdearan is an teaghlach. Thuirt Àrd Oifigear na buidhne, Lieutenant Pàdraig Sanders, gur e urram mòr a bh' ann a' Bhan-Diùc a bhith aca na Còirnealair Rìoghail. "Tha uimhir a dh'ùidh aice anns na tha sinn a' dèanamh. Tha ceangal sònraichte aice ris a h-uile neach san rèiseamaid – na teaghlach, a' chlann agus na fir."

Tha Prionnsa Uilleam is Prionnsa Harry le chèile nan oifigearan dreuchd ann an Arm Bhreatainn. Sa Ghiblean 2006, cheumnaich Am Prionnsa Harry bho Acadamaidh Rìoghail Armailteach Sandhurst agus chaidh a bharantachadh mar Cornet Airm (an dara Fo-cheannard) anns na Blues and Royals. Tha e an-dràsta na cheannard feachd armaichte taisgealaich ann an rèiseamaid an Household Cavalry. San Dùbhlachd 2006, chrìochnaich Am Prionnsa Uilleam a thrèanadh oifigich aig Sandhurst agus chaidh esan cuideachd a bharantachadh dha na Blues and Royals. Mar a thachair le bhràthair a b' òige ghabh A' Bhàn-rìgh caismeachd barantachaidh Prionnsa Uilleam agus bha Prionnsa na Cuimrigh is Ban-Diùc na Còirn an làthair.